

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Dòmhnall Phàil, Bàrd Cheann a' Ghiùthsaidh (2)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 909. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 605 corresponds to Litir 909.

Nuair a dh'fhàgas sinn 'n t-àit' seo, Cha chuir iad mòr-mhàl oirnn, 'S cha bhi an Fhèill Màrtainn, A' cur nàire nar gruaidh, Guma slàn do na fearaibh, Thèid thairis a' chuain.

Bidh sibh ag aithneachadh bhon t-seachdain sa chaidh gur e sin rann à *Guma Slàn do na Fearaibh*, le Dòmhnall Phàil, Dòmhnall Caimbeul, Bàrd Cheann a' Ghiùthsaidh. Aig Fèill Màrtainn – an t-aonamh latha deug dhen t-Samhain – bha daoine a' pàigheadh màl. Bha iad an dòchas nach biodh uiread aca ri pàigheadh nuair a bha beatha ùr aca ann an Astràilia.

Rugadh Dòmhnall ann an Dail na Spideil ann an seachd ceud deug naochad 's a h-ochd (1798). B' e Pàl – no *Paul* – ainm athar. Fhuair Dòmhnall Caimbeul eile – fear à Raineach a bha càirdeach do Dhòmhnall Phàil – tac faisg air Ceann a' Ghiùthsaidh. Chaidh Dòmhnall a dh'obair dha mar chìobair. Bha e a' fuireach ann an Gleann Gòineig, dìreach gu tuath air Ceann a' Ghiùthsaidh, airson còrr is ceathrad bliadhna. A rèir beul-aithris bhiodh an **Diabhal** fhèin a' cur seachad beagan mhiosan a h-uile bliadhna ann an Loch Gòineig. Ach co-dhiù bha Dòmhnall eòlach air gus nach robh, chan urrainn dhomh a ràdh!

Bha Dòmhnall ainmeil ri a linn airson òran a ghabhail ach tha e coltach nach deach mòran de na chruthaich e a sgrìobhadh. 'S e òran eile a rinn e, agus a th' againn fhathast, *Duanag a' Chìobair*. Tha e a' comharrachadh mar a dh'fhàg e an dachaigh aige ann an Athall airson fuireach ann am Bàideanach. Bha a leannan ann an 'Raineach nam bò'. Seo agaibh ceithir rannan dheth:

Gu bheil mulad air m' inntinn, On thàinig mi 'n tìr seo, 'S nach fhaic mi mo nìghneag dhonn òg, 'S nach fhaic mi mo nìghneag dhonn òg...

'S ann a dh'fhàg mise gruagach, An fhuilth cham-lùbaich, chuachaich, An taobh thall do Dhruim Uachdair an fheòir, An taobh thall do Dhruim Uachdair an fheòir...

'S ged a chruinn'cheadh an dùthaich, Gu fèill Chinn a' Ghiùthsaidh, Cha bhiodh tè ann don dùraiginn pòg, Cha bhiodh tè ann don dùraiginn pòg.

Chan e siud 'rinn mo chiùrradh, On thàinig mi 'n dùthaich, Ach nach fhaod mi dhol null air do thòir, Ach nach fhaod mi dhol null air do thòir.

Bu mhath leam ur fàgail le criomagan às òran eile aig Dòmhnall Phàil. Bha searbhant air an tac far an robh e ag obair. 'S e Peigi Stiùbhart an t-ainm a bh' oirre. Bhuineadh i do Bheannchar faisg air Baile Ùr an t-Slèibh. 'S iomadh fear òg a bha measail air Peigi. **Bha iad ag amas air a pòsadh** mar a tha Dòmhnall ag ràdh anns an òran:

A Pheigi Bhàn, on tha thu laghach, 'Pheigi Bhàn, on tha thu grinn, 'Pheigi Bhàn on tha thu brèagha, Bidh tu 'm-bliadhna ann ad mhnaoi.

Am feasgar Sàbaid bha sinn còmhladh, Chuir iad 'n òrdugh dhòmhs' na suinn, Gun robh ochdnar dhiubh gad iarraidh, 'S ar leam fhìn gur brèagh' an t-sùim.

Tha Dòmhnall ag ràdh gun robh seachd duine deug ag iarraidh Peigi a phòsadh. Agus aig deireadh an òrain, tha e a' meòrachadh – saoil am biodh cothrom aige fhèin?! Fàgaidh mi am facal mu dheireadh aig Dòmhnall còir.

Ach nam bithinn-sa cho buadh-mhor, 'S a buannachadh dhomh fhìn, Bhiodh i agam air mo chluasaig, 'S bheirinn suas do Ghòineig i.

* * * * *

Faclan na Litreach: Ceann a' Ghiùthsaidh: *Kingussie*; màl: *rent*; uiread: *as much*, Dail na Spideil: *Dalnaspidal*; Gleann Gòineig: *Glen Gynack*.

Abairtean na Litreach: Cha chuir iad mòr-mhàl oirnn: *they won't charge us exorbitant rent*; cha bhi an Fhèill Màrtainn a' cur nàire nar gruaidh: *Martinmas won't put shame on our cheeks*; fear à Raineach a bha càirdeach do: *a man from Rannoch who was related to*; a dh'obair dha mar chìobair: *to work for him as a shepherd*; co-dhiù bha Dòmhnall eòlach air gus nach robh, chan urrainn dhomh a ràdh: *whether or not Donald knew him, I cannot say*; tha e coltach nach deach mòran de na chruthaich e a sgrìobhadh: *it appears that not much of what he created was written down*; gu bheil mulad air m' inntinn on thàinig mi 'n tìr seo: *my mind is sad since I came to this country*; nach fhaic mi mo nìghneag dhonn òg: *I won't see my young brown-haired maiden*; an fhuilt cham-lùbaich, chuachaich: *of the curled and plaited hair*; taobh thall do Dhruim Uachdair an fheòir: *the other side of grassy Drumochter*; cha bhiodh tè ann don dùraiginn pòg: *there would be no woman I'd want to kiss*; chan e siud 'rinn mo chiùrradh: *it's not that that's tortured me*; nach fhaod mi dhol null air do thòir: *that I can't go [over] after you*; air an tac: *on the [rented] farm*; bhuineadh i do Bheannchar faisg air Baile Ùr an t-Slèibh: *she belonged to Banchor near Newtonmore*; bidh tu 'm-bliadhna ann ad mhnaoi: *you will be a wife this year*; chuir iad 'n òrdugh dhòmhs' na suinn: *they put the champions in order for me*; ar leam fhìn gur brèagh' an t-sùim: *I think the number is terrific*; bheirinn suas do Ghòineig i: *I'd take her up to Gynack*.

Puing-chànain na Litreach: bhiodh an **Diabhal** fhèin a' cur seachad beagan mhìosan a h-uile bliadhna ann an Loch Gòineig: *the devil himself would spend several months every year in Loch Gynack. According to local tradition he enjoyed causing distress to the stuirteagan, black-headed gulls that nested there. This is because these gulls were said to be messengers of the angels and to bear the spirits of people who did good deeds on earth. Have any of you heard similar traditions regarding the black-headed gull or do you have your own local name for the species? Please let me know.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha iad ag amas air a pòsadh: *they were aiming to marry her.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA